

Seanchas Ìle

TASG-LANN DUALCHAIS

Bogh Mor anns na seann làithean

IS: Iain Stiùbhart

EE: Emily Edwards

EE: An innis thu dhomh càite an do rugadh tu is càite an do thogadh tu?

IS: Uill, rugadh mise ann an Creagan na Peighinne, tha sin àite eadar Bogh Mòr is Beul an Atha. `S e ceàrdaich a bha sinn, bha m' athair na ghobha agus chaidh mi...rugadh mi ann an sin agus chaidh mi a thogail ann an sin.

EE: Seadh

IS: Sin a' chiad...uill...toiseach na ?...

EE: Càite a bheil sin?

IS: Creagan na Peighinne.

EE: Creagan na Peighinne, càite a bheil sin?

IS: Shin e, eadar Bogh Mòr is Beul an Atha, dìreach leth rathad eadar Bogh Mòr is Beul an Atha. `S e sin far a bheil e.

EE: Agus an robh mòran ann aig an àm sin? An robh mòran daoine a' fantail ann aig an àm...dìreach?

IS: Ann am Bogh Mòr?

EE: Uh-huh.

IS: Uill, thàinig mi a dh' fhtail ann am Bogh Mòr, uill, an dèidh a' chogadh thàinig mi a dh' fhtail no mar sin...

EE: Oh *right*, uh-huh.

IS: ...An dèidh àm a' chogadh..

EE: Is cà deach sibh dhan sgoil?

IS: Oh chaidh mi do sgoil Bogh Mòr agus...chaidh ...

EE: Is an robh mòran anns an sgoil aig an àm sin?

IS: Bha mòran san sgoil san àm sin, bha mòran, sgoil Bogh Mòr `s e àite a bh'

ann a bha a' gabhail mòran a-staigh bha iad a' tighinn ann mu chuairt gach meadhain is gach goirt is mu chuairt leth rathad Beul an Atha - Beul an Atha cuideachd, bha iad a' gabhail a-staigh a h-uile mìr dheth sin.

EE: Seadh uh-huh, is co mheud tidsearan a bh' ann aig an sgoil?

IS: Oh uill dìreach, chan urrainn dhomh 'g ràdh [??] idir dè na bh' ann ach bha glè àireamh de thidsears ann. Agus a' chiad fhear a bha eòlach air, 's e Bryce a b' ainm air agus bha sin...thàinig an dèidh sin, thàinig Winnard agus...phòs e an seo agus dh'fhan e an seo agus phòs e, 's e *Welshach* a bh' ann agus dh' fhan e an seo agus phòs e boireannach an seo...Bha teaghlach aca, an aon rud a-rithist, 's e Beurla a bhiodh iad a bruidhinn 's e, 's e.

EE: 'S e. So cha d' fhuair thu Gàidhlig anns an sgoil?

IS: Uill, 's e Gàidhlig a bh' agams airson siùdach leis agus mar a chaidh mi don sgoil 's e ag ionnsachadh Beurla a bh' ann.

EE: 'S e.

IS: Ach bha mòran ann, bha Beurla aca mar a chaidh iad don sgoil agus 's e sin mar a bha e anns an àm sin, 's e Gàidhlig a chaidh mi thogail leis agus bha, a-nis, tha Gàidhlig aca airshon a' siùdaich leis ma thogras iad a ghabhail anns a' bhunsgoil ann am Bogh Mòr, ma thogras iad a' dol air aghaidh leis a sin...Bha mòran obraichean a' dol air aghaidh anns an àite anns an àm sin. Bha tàillearan ann, is *dress-makers*, is stilladairean, is feadhainn a' greusadh bhrògan, is bùidsearan is bèicearan, is *hardware stores*, na *dairies*, *photographers*, bha goibhnean ann, *chemists*, *car hirers* agus na *hotels*. 'S e àite trang a bh' ann, 's e, 's e anns an àm sin ach a-nis tha h-uile stuth air atharrachadh bhon àm sin. Bha mòran siopannan ann agus a-nis chan eil againn ach an Co [co-operative] agus tha iad air an *stocadh* gu math agus tha sinn a' dèanadh feum mòr san àite...Ach an àm mar a bha na siopannan beag ann, bha bhanaichean aca a bha gan chur mun chuairt an dùthaich a' creic na gnothaichean a bh' aca .

EE: Seadh

IS: Aig amannan bha fheadhainn ann a bhiodh a' gabhail uighean airshon pàigheadh airshon na *groceries* a bha iad a' faotainn. Cosail ris am *barter system*.

EE: Seadh.

IS: Bha iadsan a' toirt na h-uighean air ais don siop is gan creic a-rithist, 's e sin a dòigh a bha rudan a' dol 'san àm sin.

EE: Seadh.

IS: Agus...an-diugh tha a h-uile stuth a' tighinn a-staigh le *containers* thar a' *roll on roll off ferries* a tha sin agus tha sin a' dèanadh cuideachadh mòr, 's e rud math a bha sin airshon siùdaich. Chan eil làimhseachadh sas bith air na *groceries* no rud sas bith a tha sibh a' gabhail 's e fhads a tha sibh ga fhaotainn dìreach an dòigh a dh' fhàg e Glaschu no àite den t-seòrsa sin.

EE: Agus thuirt thu gun robh na bàtan a' tighinn a-staigh dhan Lochandal?

IS: O bha bha na bàtan a' tighinn a-staigh le...uill anns an àm sin bha iad a' tighinn a-staigh don loch, bhiodh iad a' *calladh* aig Bruach a' Chladaich, bha *store* aca ann am Bruach a' Chladaich is bhiodh mòran *stuff* air a chur ann, *stuff* a bhiodh dol thairis taobh na Roinn is mu chuairt thar an eilean is an taobh seo den eilean agus thigeadh a' bhàta don acar(s)aid a bha seo agus bha, dè theireadh iad ris, le *lighter* a bh'ann a theireadh iad ris. Thigeadh e a-mach agus bha e a' toirt na gnothaichean a-staigh do Bhogh Mòr. Bha làraidh aca a bheireadh e ..an *stuff* seo mun chuairt do na siopannan anns an àm sin, o bha, yes.

EE: Tha sin inntinneach...Agus bha e ag ràdh...an robh Gàidhlig aig a' mhòr chuid de dhaoine aig an àm sin nuair a bha thu fhèin òg?

IS: Bha Gàidhlig aig a' chuid as motha, bha Gàidhlig aig a' chuid as motha ach cosail ris a h-uile stuth eile, 's e Beurla a bhiodh iad ag ionnsachadh agus bha mòran choigrich a' tighinn a-staigh agus dh' fheumadh tu a bhith bruidhinn Beurla riuthcha anns an àm sin. Chaidh a' Ghàidhlig a-sìos gu mòr anns na, air ais anns na *thirties*, toiseach na *thirties*. 'S ann bha mòran a' tighinn a-staigh bha mòran...eadar Bogh Mòr is Beul an Atha, 's e àite gu math Gallda a shùdaich a bhith ann airson bha mòran *golfers* an sin a-staigh agus luchd-turais agus uill ma their iad ris aig a' [?] bha iad a' tighinn sgrìoban is bha paidhir Glaschu ann agus paidhir Phàislig ann is an rud a' dol fad an t-samhraidh. Agus bha *golf course* shuas aig *Gartmain* agus bha mòran dhaoine a' triseadh ann agus bhiodh iad às Beul an Atha agus às Bogh Mòr agus mu chuairt far am biodh iad a' fantail...thar an àite air fad, bhiodh iad a' triseadh aig a' *golf course* agus a' dol mu chuairt a' sin 's e àite mun d' thuirt iad ris bha e gu math *popular*!

EE: Agus na daoine a bha tighinn a bhith a' cluich *golf* an robh iad gu math beairteach? Daoine gu math beairteach?

IS: O bha bha, 's e a' chuid as motha dhiubhcha sin 's e mu Bheul an Atha a bha iad a' fantail, chan eil fhios 'm nan robh iad *upperclass* no dè theireadh tu! (*gàireachdainn*)

EE: 'S e 's e is co às a bha iad a' tighinn? Glaschu?

IS: Thar an àite air fad, thar an dùthaich air fad agus fheadhainn aca a' tighinn a-nìos à Sasainn cuideachd. Bha mòran a' tighinn ann san àm sin. Bha. Agus b' àbhaist dhomh a bhith a' dol mu chuairt, san àm seo bha m' athair ag earrach [ag amharc] as dèidh a' *golf course* agus aig an àm sin bhithinns nam bhalach òg a' dol mun chuairt agus a' faicinn gun robh na *greenaichean* glan sa mhaidinn 'son bhiodh na caoraich a' laighe orra agus bhiodh iad gan salachadh gu doirbh! (*gàireachdainn*) Agus bha a'am ri a' dol mun chuairt le *shovel* agus *sweep* mòr airshon an *clearadh* airshon gum biodh iad *fit* mun d' thuirt iad ris airshon na daoine a' tighinn mu chuairt. Bhithinn am bitheantas gan coinneachadh air an rathad mu chuairt is bha mòran daoine òg ann.

EE: Dè an aois a bha thu nuair a bha thu a' dèanamh sin, an obair sin?

IS: Uill o cha robh mi ach gu math òg bha mi deich is dusan uill, dusan bliadhna no mar sin bha mi a' dol mu chuairt...Bha agus bhiodh iad, bhithinn gan coinneachadh air uairean bhithinn a' dol mun chuairt a' leigeil fhaicinn de dh' fheadhainn aca an cùrsa mun chuairt airshon *golf* dè an dòigh a dh' fheumadh iad am ball, bha *markers* ann ach cha dh'fhaoidte gum feumadh iad cumail ri aon taobh dheth no aon taobh eile airshon gum biodh iad ceart airshon an *green* agus...

EE: An robh sibh fhèin a' cluich *golf*?

IS: O cha robh

EE: Cha robh.

IS: Dhèanainn beagan...bha beagan air a dhèanadh, bhithinn ag obair air *puttadh* is rudan mar sin ach cha deach mi a-riamh a-staigh airshon rud sas bith den t-seòrsa sin.

EE: Agus dè an obair a bh' agadsa as dèidh an sgoil?

IS: An dèidh an sgoil, uill, chaidh mi a' saoir[s]inneachd, bha mi ag obair air saoir[s]inneachd agus chum mi air a' sin agus tha mi dìreach a' cumail mo làimh a-staigh fhathast a' dèanadh *jobs*. Bha mi ag obair, bha mòran thaighean air a thogail an seo thar na bliadhnaichean is bha mi aig mòran de na taighean sin.

EE: Ann am Bogh Mòr?

IS: Ann am Bogh Mòr is Port Ilein is Port na h-Abhainne...

EE: O air feadh an eilein.

IS:...is Port Charlotte, bha mi thar an àite air fad. Bha mi ag obair, na fir a bha a' tighinn a-staigh a' togail thaighean, bha mi ag obair leothcha. Agus uill, dhèan mi sin, mun d' thuirt iad *I did a turn!*

EE: So bha thu a' fantail ann an Ìle a' mhòr chuid den beatha?

IS: O bha bha, bha mi a' fantail an seo bha, bha taigh agam shuas anns a' bhaile, shuas aig *Flora Street* mun d' thuirt iad ris. Bha mi a' fantail an sin. Uill, ri àm a' chogadh phòs mi, ach am boireannach a phòs mi, 's e Beurla a bh' aice agus uill chaill na, a' chlann chaill iadsan a' Ghàidhlig...a rèir sin cha robh Gàidhlig air a bruidhinn san taigh. Cha robh mi a' bruidhinn Gàidhlig o chionn còrr is trì fichead bliadhna.

EE: Uill tha e agad fhathast!

IS: Tha mi a' feuchainn, chaidh mi shuas do Ionad Chaluim Chille seo dìreach a' faighinn a phiuchadh suas a-rithist ach airshon a bhith bruidhinn Gàidhlig ri daoine a' dèanadh dheth a thogail a-rithist. Thar na bliadhnaichean chailleadh tu mòran fhacal, mur nach eile thu ga cleachdadh a bhith a' bruidhinn, ach tha a h-uile stuth a-nis mun d' thuirt iad cho *Anglified*. 'S e sin an dòigh a th' ann.